

## Fearann Coimhearsnachd na h-Alba

### Aithris Poileasaidh Gàidhlig

#### Ro-ràdh

Tha Fearann Coimhearsnachd na h-Alba (FCA) mothachail gu bheil mòran de a chuid buill stèidhichte ann an sgìrean far a bheil àireamh àrd de luchd-bruidhinn na Gàidhlig. Tha FCA a'creidsinn gu bheil an talamh, an dualchas agus an cànan co-cheangailte, agus nach fhaicear, da-rìribh, comas an t-sluaigh ga thoirt gu buil gus an cuirear an luach air a bheil i airidh air cànan nan daoine. Tha dleastanas air prìomh bhuidhnean poblach, a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aithris neo poileasaidh Gàidhlig a bhith aca. Chan e buidheann poblach a tha ann an FCA agus mar sin chan fheum iad leantail ri facal na h-Achd, ach thathar a' rùnachadh cumail ri a feallasanachd.

#### Feallsanachd

Tha FCA mothachail gum feumar seasmhachd san àm ri teachd a chruthachadh airson a bhith a' cleachdadh a' chànain gu làitheil, mar is iomchaidh. Tha am poileasaidh cuideachd ag amas air inbhe a' chànain a thogail ann an suidheachaidhean agus cleachdadh nàdarra.

Cleachdaidh FCA a' Ghàidhlig anns an t-suaicheantas aca, ìomhaigh, agus conaltradh ris a' phoball, air an làrach-lìn agus sna meadhanan-sòiseailta, mar a tha iomchaidh.

#### Soidhneachan

Bidh a' Ghàidhlig follaiseach aig a' cho-labhairt bhliadhnail agus coinneamhan poblach eile. Bidh i air a cleachdadh air pàipear-sgrìobhaidh agus bileagan fiosrachaidh.

#### Com-pàirteachadh

Cleachdar Gàidhlig, uimhir 's a ghabhas, ann an agallamhan le luchd-naidheachd bho BhBC Radio nan Gàidheal BBC Alba agus meadhanan naidheachd eile. Bruidhnidh an neach a nì seo ris a' chathraiche an toiseach airson aontachadh air dè a thèid a chraoladh às leth FCA.

#### Foillseachadh

Bhitheamaid an dòchas Gàidhlig a chur sna pàipearan a thèid fhoillseachadh, a rèir ar dleastanas dhan Achd,

#### Co-labhairt bhliadhnail

Nì FCA gach oidhrip leudachadh air na thathar a' cleachdadh de Ghàidhlig aig co-labhairtean and co-chonaltraidh airson a dhèanamh follaiseach an luach a thathar a'cur air cànan an t-sluaigh.

An Gearran 2016